

Dhan Uisge

Notaichean an Tidseir

Ro-ràdh

Chan eil mòran ghoidheasan (a bharrachd air seann phàipearan deuchainn) ann airson èisteachd aig Àrd-Ìre, agus mar sin, tha Dhan Uisge ag amas air am beàrn seo a lìonadh. Tha na prògraman goirid (mar a tha pàipear èisteachd Àrd-Ìre) agus tha an cànan dùbhlanaich, ach aig ìre fhreagarrach. Tha an t-aonad seo a' togail air na deich prògraman bhon chiad shreath de Dhan Uisge.

Ged nach eil bhidiothan mar phàirt de mheasadh aig Àrd-Ìre, 's e sgilean èisteachd nan sgoilearan a bhios gan leasachadh tro bhith ag obair tron aonad seo (agus chan eil fo-thiotalan mar phàirt de na prògraman). Tha sinn an dòchas ge-tà, leis gu bheil bhidio mar phàirt dheth, gum bi an t-aonad nas tlachdmhoire dha na sgoilearan.

An t-Aonad fhèin...

- Tha **ceistean sgrùdaidh** (stoidhle is a leithid) aig deireadh gach eacarsaich gus toirt air sgoilearan mothachadh do sgilean aithris. Bidh seo na fhìor chuideachadh dhaibh ag ullachadh airson deuchainn èisteachd Ùghdarras Theisteanas na h-Alba. Tha barrachd dùbhlain anns na ceistean seo anns an dàrna leth de na prògraman (6 – 10); feumaidh sgoilearan barrachd mìneachaidh a dhèanamh air na sgilean (seach dìreach a bhith mothachail air na sgilean fhèin).
- Chithear **àireamhan ri taobh gach ceist**. Tha na h-àireamhan seo a' leigeil fhaicinn cia mheud puing fiosrachaidh a tha freagarrach mar fhreagairtean agus bheir iad seo stiùireadh do sgoilearan a thaobh meud am freagairtean.
- Tha e cudromach gum bi sgoilearan a' togail **briathrachas ùr** anns gach pàirt den chùrsa. Tha am bogsa fhaclan a tha a'nochdadh aig deireadh gach eacarsaich a' togail air briathrachas a dh'fhaodadh a bhith ùr do na sgoilearan. 'S dòcha gum biodh e freagarrach deuchainn aithneachaidh no/agus litreachaidh a thoirt do na sgoilearan beagan làithean às dèidh don obair an cois gach prògram a chrìochnachadh.


Tha sinn a' moladh aig toiseach a' chùrsa (a' chiad phrògram), leigeil le sgoilearan am prògram fhaicinn trì no ceithir a thursan, am prògram a bhriseadh eadar na ceistean agus ùine fhreagarrach a thoirt dhaibh eadar gach 'èisteachd'. Bhiodh e glic a bhith ag amas air seo a lùghdachadh beag air bheag gu dà èisteachd is trì mionaidean eadar gach èisteachd (mar sgàthan air an deuchainn) mus ruigear an deiceamh prògram. Bheir seo cothrom dhaibh fàs cleachdte ris an ìre tron bhliadhna. Mar phàirt den atharrachadh seo, agus gu ullachadh a dhèanamh airson na deuchainn, bu chòir do sgoilearan fàs cleachdte ri notaichean goirid a ghabhail tron èisteachd agus an cuid fhreagairtean a sgrìobhadh às dèidh na h-èisteachd.

- Tha eisimpleirean annsaing de fhreagairtean sa phasgan seo. Cha bhiodh dùil ach ri cuid dhiubh seo bho sgoilearan agus cuimhnichibh nach eil unnta ach eisimpleirean a-mhàin.
- Tha na deich prògraman seo air làrach-lìn Stòrlann mar sin dh'fhaodaist na h-eacarsaichean a dhèanamh mar obair chlas no obair gach sgoilear fa-leth (anns a' chlas no aig an taigh).



Prògram 1

Abhainn Ducharaidh



1. Tha Calum a' toirt dhuinn fiosrachadh mionaideach aig toiseach a' phrògram a thaobh far a bheil e.
Dèan geàrr-chunntas air an fhiosrachadh seo. **3**
 - Tha e air dràibheadh mu leth-uair a thìde sìos an t-slighe.
 - Tha e fada air falbh bho thaighean agus bailtean sam bith.
 - Tha e faisg air loch àlainn.
2. Dè an seòrsa àite as fhèarr le Calum? **3**
 - Àiteachan ùra.
 - Nach eil air an sanasachd.
 - A dh'fheumas oidhirp airson an ruighinn.
3. Dè am fiosrachadh a tha Calum a' toirt seachad mun àite shònraichte sa a bheil e sa phrògram seo? **6**
 - Tha an abhainn ann an taobh siar Rois.
 - Tha glè bheag de dhaoine eòlach air an àite.
 - Tha aige ri coiseachd airson dà uair a thìde airson a ruighinn.
 - Tha eas mòr àlainn a' dòrtadh sìos creagan àrda a-steach gu glumag aig bonn an t-sluic.
 - Cha chuala e riamh mu dhuine a bhith a' snàmh ann.
 - Tha e ag aithneachadh an àite le mar a tha craobh a' fàs 'sìos an rathad'.
4. Dèan geàrr-chunntas air na prìomh adhbharan a th' aig Calum airson a bhith a' snàmh a-muigh. **5**
 - Tha rudeigin sònraichte mu dheidhinn, gu h-àraid ann an uisge fuar.
 - Tha e a' faireachdainn beò anns an uisge.
 - Thèid a cheann a chàradh.
 - Tha dragh, eagal agus iomagain uile a' falbh.
 - Gheibh e sealladh ùr air an t-saoghal.
5. Thoir seachad fiosrachadh air na tha Calum ag ràdh mu easan. **1**
 - Chan fhaigh thu sealladh ceart air eas gus am faic thu bhon bhonn e.
6. Dè an co-dhùnadh gu bheil Calum a' tighinn mun àite seo? **1**
 - Gur e aon de na h-àiteachan as fheàrr leis airson snàmh.
7. Ainmich an rud mu dheireadh a tha Calum airson a dhèanamh? **1**
 - Anam a ghlanadh.



Sgilean teicnigeach



8. Stoidhle agus Sgilean Cànain:

(a) Thoir seachad eisimpleirean air mar a chleachd Calum **fealla-dhà** gus stoidhle aotrom a chur air a' phrògram. **3**

- Tha e a' togail air mar a bhiodh na seann Ghàidheil ag èisteachd ris a' chruth-tìre mun cuairt orra gus obrachadh a-mach càit am bu chòir dhaibh a dhol. Tha e a' feuchainn seo agus a' dèanamh a-mach gun do dh'inns a' chraobh dha dè an taobh a bu chòir dha a ghabhail.
- *'Tha rudeigin sònraichte mu dheidhinn snàmh a-muigh, gu h-àraid ann an uisge fuar ... uill, chan eil againn ach uisge fuar ann an Alba.'*
- Tha e airson an t-eas a shreap chun a' mhullaich – *'tha e furasta gu leòr' / 'seallaidh mise ... dha luchd-sreap'*. Tha e a' dèanamh a-mach gun do phut a' chreag e a-steach dhan uisge.

(b) Sgrìobh eisimpleirean air mar a chleachd Calum **ìomhaigheachd**. **3**

- Samhla: *'Tha an t-àite seo mar amar-snàmh caran diomhair'*.
- Samhla: *'Tha na builgnean mar massage air mo cheann / beagan mar jacuzzi'*.
- Meatafor: *'Abair raon-cluich a tha san eas a tha seo'*.

(c) Ciamar a chleachd Calum **ìoranas**? Lorg aon eisimpleir. **1**
Ged is e *'snàmh fìdhaich'* a th' air a' chur-seachad, tha e aig fois.

Prògram 2

Abhainn Garadh



1. Thoir fiosrachadh mun àite anns a bheil Calum an-diugh. 3
 - 'S e àite air leth a th' ann do dhaoine a tha a' tòiseachadh air snàmh a-muigh.
 - Tha e aig Leum an t-Saighdeir faisg air Coille Chnagaidh.
 - 'abair àite' (tha daoine a' smaointinn tòrr mu dheidhinn) - bidh daoine a' sgrìobhadh mu dheidhinn air-loidhne, ann an leabhraichean agus mar sin air adhart.

2. (a) Dè an rud a bhios Calum a' dèanamh mus bi e a' snàmh? 1
 - Bidh e a' toirt sùil mun cuairt airson dèanamh cinnteach gu bheil e sàbhailte.
- (b) Seall dè na rudan cudromach air am bi e a' smaoinichadh. 4
 - Mar a tha an aimsir.
 - A bheil creagan no geugan am falach san uisge?
 - A bheil na clachan sleamhainn?
 - A bheil an t-uisge ag èirigh?

3. Tha Calum a' toirt dhuinn tòrr comhairle tron phrògram seo. Dèan geàrr-chunntas air na rudan a tha e ag innse dhan luchd-amhairc. 4
 - Mura h-eil thu cinnteach gu bheil e sàbhailte, thalla a dh'àiteigin eile.
 - Nuair a thèid thu a-steach dhan uisge, 's e a' chiad naochad diog as cudromaiche.
 - Tha e cudromach gum fàs thu cleachdte ri cho fuar 's a tha an t-uisge.
 - Mura h-eil thu faiceallach (ann an sruth làidir), thèid do sguabadh air falbh.

4. Sgrìobh geàrr-chunntas air eachdraidh an àite. 4
 - 'S e 1689 a bh' ann.
 - Bha saighdear an riaghaltais (Dòmhnall MacBheathain) a' teicheadh tron choille nuair a chuir an abhainn stad air.
 - Bha feachdan nan Seumasach às a dhèidh.
 - Leum e tarsainn na h-aibhne.

5. Thoir fiosrachadh mun t-side is mun uisge anns a bheil Calum a' snàmh. 3
 - Tha an t-uisge a' dòrtadh às na speuran.
 - Tha an t-uisge 'cho fuar ris a' phuinnsean'.
 - Tha tòrr dheth a' tighinn bho shneachd a tha a' leaghadh sna beanntan.

6. Dè, a bharrachd air snàmh, a bhios Calum a' dèanamh nuair a bhios e a' tadhal air àiteachan mar seo? Thoir eisimpleirean nad fhreagairt. 4
 - Coimheadaidh e mun cuairt an àite.
 - Ma tha allt ann, cò às a tha e a' tighinn?
 - Ma tha eas ann, dè th' aig a' mhullach?
 - Ma tha creagan inntinneach ann, leumaidh e a-steach (a choimhead).

7. (a) Dè an dùbhlán a tha Calum a' cur roimhe fhèin faisg air deireadh a' phrògram? 2
 - Eas a ruighinn.
 - Tro uisge luath is fiadhaich.
- (b) Inns mar a chaidh dha a' chiad turas a dh'fheuch e. 2
 - Anns a' chiad dol a-mach, cha robh an sruth ro làidir.
 - An uair sin, 's e cus a th' ann an neart na h-aibhne.

8. Stoidhle agus Sgilean Cànan:

(a) Thoir eisimpleirean air mar a chleachd Calum

fealla-dhà gus stoidhle aotrom a chur air a' phrògram. **5**

- Tha e a' faighneachd '*A bheil crogallan anns an sgìre?*' nuair a tha e ag innse dè na ceistean a bhios air mus tèid e a shnàmh.
- Tha e a' faighneachd mun t-saighdear '*An tug e aodach dheth airson snàmh?*', ceist a tha èibhinn sa cho-theacsa (tha e soilleir nach dèanadh e sin leis gun robh e a' teicheadh le bheatha).
- '*Tha an t-àm ann airson neoprene. Chan eil faireachdainn nas fheàrr air an t-saoghal.*' Tha e soilleir gur e fèin-mhagadh a tha seo.
- '*Abair dòigh dùsgadh sa mhadainn.*' Tha e a' dèanamh a-mach gur e rud tlachdmhor a th' ann a bhith a' cur uisge gu math fuar air fhèin.
- '*Nan tachradh sin, cha bhiodh Sreath 2 de Dhan Uisge againn*' – tha Calum ag innse mu chunnart ann an dòigh a tha a' toirt rabhadh gun a bhith buileach dìreach leis.

(b) Lorg agus sgrìobh eisimpleirean air mar a chleachd Calum **ceistean** gus ceangal a dhèanamh ris an luchd-amhairc.

Na tog air freagairtean sam bith eile a chleachd thu. **2**

- '*Soldier's Leap. Dè tha thu a' smaoinichadh a rinn e?*' Tha a' cheist reatoraigeach seo a' dèanamh soilleir gun do leum an saighdear.
- '*Nuair a tha thu a' snàmh, dè an diofar?*' Tha e a' toirt a bheachd gur e rud ciallach a tha e a' dèanamh.

(c) Lorg dà eisimpleir a tha a' sealltainn mar a chleachd Calum **structar-seantans** gus innse mun character aige.

Na tog air ceistean. **2**

- '*Deireadh na Sgeòil. ... Chan e'. Tha e a' dèanamh seo gus sealltainn nach tèid stad a chur air gu furasta.*
- '*Chan eil càil air a shon ach leum ... Ann am mionaid.*' Tha Calum a' nochdadh gu bheil an t-eagal (mas fhìor) air.



Prògram 3

Sanna – Àird nam Murchan



1. Carson a tha Calum den bheachd gu bheil Alba air leth math airson snàmh sa mhuir? 1
 - Tha pàilteas thràighean ann air feadh na dùthcha.
2. Thoir fiosrachadh mun àite far a bheil Calum a’ snàmh an-diugh. 4
 - Tha e cho fada dhan taobh an iar is a gheibhear air tìr-mòr na h-Alba.
 - Nam biodh tu ann, bhiodh tu air chall no ann airson snàmh.
 - Tha tràigh àlainn, fharsaing, chiùin ann.
 - 'S e classic a th’ ann am measg thràighean a’ chost an iar.
3. (a) Carson a dh’fheumas ‘gu leòr aodaich’ a bhith air Calum an-diugh? 2
 - Bidh e sa mhuir airson greis.
 - Dh’fhaodadh gum bi a’ mhuir gu math ‘baltic’.

(b) Dèan liosta den aodach a bhios air Calum. 1

 - Stocainnean, deise-fhliuch, dà ad, dà lèine (fo dheise).
4. Carson a bhios Calum a’ dèanamh tòrr ruith? 2
 - Uaireannan airson an t-uisge a ruighinn nas luaithe.
 - Amannan eile, airson e fhèin a bhlàthachadh (gu h-àraid sa gheamhradh).
5. Dè an dùbhlán a tha Calum a’ cur roimhe fhèin an-diugh? 2
 - Tha e air eilean fhaicinn.
 - Tha e a’ dol ann airson sùil a thoirt air na tha ri lorg.
6. Ciamar a tha suidheachadh na mara air atharrachadh bho thòisich Calum air dèanamh air an eilean? 2
 - Tha na stuaghan nas fhuaire.
 - Tha gluasad fada a bharrachd san uisge.
7. Ainmich na beathaichean air an robh Calum an tòir. 3
 - Crùbagan
 - Giomaich
 - Cearbain
8. Inns dè am fiosrachadh cruinn-eòlasach a tha Calum a’ toirt dhuinn aig deireadh a’ phrògram. 2
 - Nach eil sion ann eadar fhèin is Ameireaga.
 - Ach diofar eileanan an taoibh siar (mar eisimpleir Barraigh, Colla ...).



9. Stoidhle agus Sgilean Càinain:

(a) Thoir eisimpleirean air mar a chleachd Calum ìomhaigheachd gu h-èifeachdach anns a' phrògram. **2**

- Tha e a' cleachdadh pearsanachadh – *'tha a' ghrian air falach air taobh eile an t-saoghail'*. Tha seo a' cur ris a' bheachd gur e latha fuar geamhraidh a th' ann.
- *'gach turas a thig mi dhan tràigh tha mi a' faireachdainn mar phàiste a-rithist'* – tha an samhla seo a' dèanamh soilleir cho mòr is a chòrdas suidheachadh mar seo ri Calum.

(b) Ciamar a chleachd Calum **ceistean** airson faireachdainn a shealltainn? Sgrìobh aon eisimpleir. **1**

- *'Coltas fiadhaich air a' mhuir mun cuairt air na h-eileanan. An tèid agam air a dhèanamh?'*. Tha e soilleir gu bheil Calum mì-chinnteach.

Prògram 4

Sloc an Altramain



1. Thoir fiosrachadh mionaideach mun àite anns a bheil Calum a' snàmh an-diugh. **3**
 - Tha e san Eilean Sgitheanach.
 - Tha e aig oir na mara.
 - Uamh - Sloc an Altramain.
2. Mìnich an cunnart a dh'fhaodadh a bhith ro Chalum an-diugh. **3**
 - Dh'fhaodadh gum bi e air a ghlacadh ma dh'fhanas e gu muir-làn.
 - Chan eil an t-uabhas ùine aige ann.
3. Inns mun bhuaidh a th' air a bhith aig daoine air an àite. **2**
 - Chaidh balla a chumail air beulaibh na h-uaimh gus daoine a chumail a-mach.
 - Tha e coltach gun deach am balla a sgrìos le seòladair a loisg gunna mòr air.
4. Dè na rabhaidhean a tha Calum a' toirt mu bhith a' rannsachadh uamh mar seo? **2**
 - Cha bhiodh tu glic a bhith a dhol innte gun toirdse no dhà.
 - Cha bu chòir dhut a dhol a bhroinn uamhan gun eòlas agad air na bha fa-near dhut.
5. A rèir Chalum, dè tha **agus** nach eil anns an uaimh? **5**
 - Deagh ghrèim air na clachan.
 - Chan eil càil beò ann.
 - Chan eil solas an latha ann.
 - Amar beag fìor-uisge (amar-snàmh).
6. Inns beachd Chalum air an amar bheag a tha san uaimh. **1**
 - Tha e dìreach mar gun deach a dhealbh gu sònraichte airson snàmh.
7. Dè lorg Calum fon uisge agus carson a bha sin ri lorg anns an uaimh? **2**
 - Pìos fiodh.
 - A bha roimhe na dhrochaid tarsainn air an amar.
8. Dè na blasan a th' air an 'reòiteag'? **3**
 - Salann
 - Fraoch
 - Balgan-buachrach
9. Aig deireadh a' phrògram, dè na beachdan a th' aig Calum air an àite mar amar-snàmh? **2**
 - Tha a' ghlumag ro bheag airson snàmh ceart, tha e a' bualadh san oir le cha mhòr gach sràc.
 - Cha bhiodh e gu mòran feum nam biodh tu a' trèanadh.



10. Stoidhle agus Sgilean Cànan:

- (a) Thoir eisimpleir air mar a chleachd Calum **ìomhaigheachd** gu h-èifeachdach anns a' phrògram. **1**
- Meatafor: tha e 'air ceum a ghabhail a-steach gu saoghal air choreigin eile'.
- (b) Ciamar a chruthaich Calum **tòna aotrom** anns a' phrògram? Sgrìobh aon eisimpleir. **2**
- *'Striptease – bha mi an dùil gur e prògram trom-chùiseach a bha seo'.*
 - *'Chan fhaod thu dileag a dhèanamh san amar-snàmh' (sin an rud a bhiodh ceàrr, chan e a bhith a' dèanamh dileag air beulaibh a' chamara!).*
- (c) Thoir eisimpleir air mar a chuir Calum **fèin-mhagaidh** gu feum anns a' phrògram. **3**
- *'Cha robh balla a' dol a chur stad orm co-dhiù' – tha e a' dèanamh a-mach gur e duine mòr, làidir a th' ann.*
 - *'Chan eil feum agam air deise-fhliuch. Tha mi ro chruaidh airson sin!' Tha e soilleir gu bheil Calum gu math fuar. 'Ma thig sibh ann, thoiribh leibh deise-fhliuch'.*
 - *'Chan eil càil nas fheàrr na snàmh a-muigh.' Tha e an uair sin ga cheartachadh fhèin: 'Uill, gu teicnigeach, chan e seo snàmh a-muigh!'*
- (d) Ciamar a chuir Calum ceistean gu feum airson ceangal a dhèanamh ris an neach-amhairc? Thoir aon eisimpleir. **1**
- *'Saoil a bheil duine aig a bheil amar a tha dìreach cho math ri seo?'*

Prògram 5

Eilean Luinn



1. Thoir geàrr-chunntas air ro-ràdh Chalum. 3
 - Bidh cuid de dhaoine a' cruinneachadh stampaichean.
 - Bidh cuid eile a' cruinneachadh nan Rothach.
 - Bidh Calum a' cruinneachadh eileanan.
2. Thoir fiosrachadh mionaideach mun àite anns a bheil Calum a' snàmh an-diugh. 3
 - 'S e snàmh an ìre mhath goirid a tha seo.
 - Caolas a' Chuain: eadar Eilean Shaoil agus Luinn.
 - Tha Calum cinnteach gun deach a dhèanamh roimhe.
3. Inns mu na duilgheadasan a dh'fhaodadh a bhith ro Chalum an-diugh. 3
 - Tha sruth-mara anabarrach làidir ann.
 - Tha coltas fiadhaich, goileach air.
 - Chithear seo le mar a dh'fheumas am bàta a slighe a dhèanamh a-steach dhan t-sruth gus faighinn tarsainn.
4. Seall carson a tha Calum a' bruidhinn mu dhiofar bheathaichean. 2
 - Bhiodh an snàmh na b' fhasa nam b' e eun no beathach a bh' ann an Calum.
 - Tha Calum air cluinntinn gu bheil cù ann a bhios tric a' snàmh gu Luinn.
5. Ciamar agus carson a tha Calum a' gabhail beagan fois? 3
 - Tha e a' feitheamh gus am bi a' mhuir freagarrach.
 - Eadar lìonadh agus tràghadh, tha greis de mharbh-shruth ann – bidh an t-uisge socair gu leòr airson snàmh.
 - Bidh e a' gabhail cupa tì.
6. Carson a tha Calum iomagaineach ann an suidheachadh mar seo? 2
 - Chan eil e eòlach air na h-uisgeachan.
 - 'S e an geamhradh a th' ann.
7. Thoir geàrr-chunntas air turas Chalum chun an eilein (bhon àm a nì e co-dhùnadh gu bheil an t-àm ann tòiseachadh). 9
 - Nochd am marbh-shruth na bu thràithe na bha dùil – dh'fheumadh e falbh sa bhad.
 - Tha mu thrì cheud meatair ann – cha robh e an dùil gun toireadh e fiù 's còig mionaidean.
 - Tha an cala ga dhìon sa chiad dol a-mach agus tha e furasta dha a dhol aig astar.
 - Tha uisge fosgailte ann an uair sin – tha e beagan brosgalach agus tha e a' faireachdainn an t-sruth mun cuairt air.
 - Mura biodh e a' snàmh anns a' mharbh-shruth, bhiodh e air a thilgeil mun cuairt gun smachd sam bith.
 - Tha e a' faireachdainn cofhurtail (tha fhios aige air seo leis gu bheil e ri fealla-dhà).
 - Tha an t-uisge a' fàs sèimh (bha e a-mach à meadhan a' chaolais, faisg air an taobh thall).
 - Tha e a' lorg àite anns an tèid e air tìr.
 - Ràinig e 'nas luaithe na bha mi an dùil'.
8. Dè an co-dhùnadh a th' aig Calum? 3
 - 'S e eilean ùr a th' ann, far an liosta.
 - Chòrd e ris gu mòr – 'bha sin math fhèin ... bha mi air mo dhòigh glan'.
 - Cha robh e cho doirbh sin, 's dòcha gun robh e beagan ro fhurasta.



9. Stoidhle agus Sgilean Cànan:

(a) Sgrìobh eisimpleir air mar a chuir Calum **structar-seantans** gu feum airson sealltainn gu bheil e, mas fhìor, a' smaoinichadh tòrr mu dheidhinn fhèin.

1

- *'Ma thèid aig cù air a dhèanamh, thèid agam air a dhèanamh ... agus nas luaithe ... agus le stoidhle nas fheàrr ... agus le tuilleadh Instagram followers.'*

(b) Thoir eisimpleirean air mar a chuir Calum **tòna aotrom** gu feum anns a' phrògram.


2

- Tha e a' gabhail tì le feamainn: *'beagan siùcair a dhìth ach chan eil e dona ge-tà'*
- *'tha mi an dòchas nach eil muir-tiachdan mun cuairt an-dràsta no fiù 's rudeigin nas miosa buileach ... bhuaill rudeigin mo chas agus an uair sin tha e a' gàireachdainn.*

(c) Seall mar a chleachd Calum **'cearcail'** eadar toiseach agus deireadh a' phrògram.

2

- Aig an toiseach tha Calum ag innse mar a bhios e *'a' cruinneachadh'* eileanan.
- Aig an deireadh, tha e air Luinn *'a' cruinneachadh'* agus tha e ag amas air an ath fhear: *'Nise Eilean Mhuile, càit a bheil thu? Tha mi a' tighinn air do shon.'*



Prògram 6

Loch Ma–Ruibhe



1. Thoir geàrr-chunntas air an fhiosrachadh a tha Calum a' toirt seachad mun àite anns a bheil e a' snàmh an-diugh. **5**
 - Tha e aig Loch Ma-Ruibhe ann an iar-thuath na Gàidhealtachd.
 - 'S e àite iongantach a th' ann (fiù 's air latha glas/mosach).
 - Tha seallaidhean air leth ann.
 - Tha an t-uabhas eileanan ann.
 - Chan eil Eilean Ma-Ruibhe (far a bheil e a' dol an toiseach) ro fhada air falbh.
2. Carson a tha Calum a' stad aig a' chiad eilean? **2**
 - Tha e airson beagan fois a thoirt dha ghàirdeanan.
 - Tha a chasan a' faireachdainn aonaranach – gun chàil aca ri dhèanamh.
3. Dè na h-adhbharan a th' aig Calum airson a bhith ann an suidheachadh mar seo? **3**
 - Tha e a' còrdadh ris – chan iarradh e a bhith ann an àite sam bith eile.
 - Tha e na aonar / chan eil duine beò ri fhaicinn.
 - Tha a làmhnan ga ghiùlan far am miann leis.
4. Dè an **dà** rud a tha a' cur iongnadh air Calum? **2**
 - Nach eil an t-uisge ro fhuar (ged a tha an geamhradh ann).
 - Nach eil pìosan den loch idir domhainn.
5. Dèan liosta de na tha ri fhaicinn air Eilean Ma-Ruibhe. **3**
 - Cladh.
 - Craobhan annasach.
 - Craobh-airgid (a bheir deagh fhortan do dhaoine).
6. Dè na rudan a lorg **no** a chunnaic Calum aig bonn an locha? **2**
 - Botal leann.
 - Poll is creagan.
7. Dè an rud '*prìseil, iongantach*' a tha ri lorg air Eilean Shùbhainn? **1**
 - Eilean taobh a-staigh loch, taobh a-staigh eilean, taobh a-staigh loch, ...
8. Mìnich carson a tha Calum air a dhòigh aig deireadh a' phrògram? **3**
 - Tha e air snàmh is ruith agus tha e beagan sgìth.
 - Tha an aimsir air tionndadh na aghaidh.
 - Nuair a tha strì ann, tha e a' còrdadh ris nas fheàrr.



9. Stoidhle agus Sgilean Cànan:

(a) Seall, le eisimpleir, mar a chuir Calum **structar-seantans** gu feum airson an fhadachd a bh' air a dhèanamh soilleir.

1

- *'Mach à seo!' – abairt ghoirid a tha a' sealltainn gu bheil e air gu leòr bruidhinn a dhèanamh agus gu bheil an t-àm ann snàmh.*

(b) Seall, le eisimpleirean, mar a chleachd Calum **fealla-dhà** gu h-èifeachdach anns a' phrògram.

2

- *'Tha iad ag ràdh nach eil airgead a' fàs air craobhan' – tha e, mar gum biodh, a' dearbhadh nach e an fhìrinn a tha seo.*
- *'Dh'fhàg mi an sporan agam aig an taigh ... saoil an gabh e cairt-chreideis?' – tha e a' dèanamh a-mach gur e 'bùth' a th' anns a' chraoibh a reiceas fortan riut.*
- *'Ma bha na Lochlannaich ann, 's dòcha gur iad a dh'fhàg botail leann' – tha fhios glè mhath nach robh botail ann aig àm nan Lochlannach / gur e milleadh de shèorsa eile a rinn na Lochlannaich.*

(c) Seall, le eisimpleirean, mar a bha Calum soirbheachail ann a bhith a' cleachdadh **fèin-mhagadh** anns a' phrògram.

2

- *'Belly-flop an sin' – tha e a' cur sìos air an stoidhle a th' aige mar shnàmhadair.*
- *'Gun a bhith a' cleachdadh ... ach mo neart fhèin' – tha e, mas fhìor, a' toirt moladh dha fhèin.*

Prògram 7

Loch Loinne



1. Thoir geàrr-chunntas air an fhiosrachadh a tha Calum a' toirt dhuinn mun àite anns a bheil e an-diugh. **3**
 - Air an t-seann rathad (A87) – '*an rathad gu/bho na h-eileanan*'.
 - Tha Cluainidh (ochd mìle air falbh) air a chùlaibh.
 - Tha Loch Loinne air a bheulaibh.
2. Carson nach eil an Rathad A87 na phrìomh rathad an-diugh? **3**
 - Chaidh an loch a leudachadh mar phàirt de sgeamaichean dealan-uisge.
 - Chaidh dam a thogail aig ceann an ear an loch.
 - Chaidh pàirtean den rathad a chòmhdachadh le uisge.
3. Mìnich carson a tha Calum air tighinn gu Loch Luinne. **2**
 - Nuair a tha tart ann, thig seann drochaid am follais.
 - Tha e a' dol a dh'fheuchainn ri lorg.
4. Dè tha Calum ag ràdh mu fhios den t-seann rathad? **2**
 - Tha e coltach ri cèic a cheannaich e anns an Àth Leathann turas.
 - '*Rocky Road, ma dh'fhaoidte!*'
5. Dè am fiosrachadh a th' air an t-seann mhapa (bho 1880)? **2**
 - An seann rathad.
 - Dà dhrochaid faisg air eilean far an robh an loch cumhang.
6. Dè na rudan a tha Calum a' toirt leis agus carson a tha e a' toirt aon dhiubh leis? **5**
 - *Flippers*
 - *Snorkel*
 - Solas no dhà
 - Camara
 - Ma lorgas e an drochaid, tha e airson gum bi dearbhadh aige.
7. A rèir Chaluum, dè tha iongantach mun t-seann rathad? **2**
 - Tha e fhathast ann an staid cho math
 - Nas fheàrr na cuid de na rathaidean a tha os cionn an uisge!
8. Mìnich na tha Calum ag ràdh mun drochaid? **3**
 - Tha e a' faighneachd an e na clachan a chì e air bàrr balla na drochaid.
 - Mas e, tha an drochaid anns an t-sloc.
 - Ma tha an drochaid ann, chan eil i ann an aon fhios an-diugh.
9. Dè tha Calum, mas fhìor, a' smaoinichadh a thachair dhan drochaid? **3**
 - Tha cùirn chlachan os cionn an locha.
 - Tha e gan leagail a h-uile turas a thèid e seachad ach tha iad daonnan a' nochdadh a-rithist.
 - 'S e sithichean a tha ga dhèanamh – ghoid iad na clachan bhon drochaid.
10. Cò ris a tha an seann rathad aig bonn an locha coltach, a rèir Chaluum? **1**
 - Loidhne dhubh aig bonn amair-snàmh.



10. Stoidhle agus Sgilean Cànain:

(a) Seall, le eisimpleir, mar a chuir Calum ris an fhìrinn gus sealltainn gur ann ri fealladhà a tha e. **1**

- Tha Calum ag ràdh mu na cùirn a tha na sìthichean, mas fhìor, a' togail gu bheil iad '*ìongantach ... aon de annasan na h-Alba*'. Tha seo a' leigeil fhaicinn gur ann ri spòrs a tha e.
- '*Tha mise dìreach air coiseachd ochd mìle a-staigh bho Chluainidh ... uill, dhràibh mi a-staigh*'. Tha Calum a' dèanamh magadh air fhèin – gu bheil e nas leisge na shaoileadh cuid.

(b) Thoir eisimpleir air mar a chuir Calum **taghadh-facail** gu feum gus cuideam a chur air mar a chaidh an suidheachadh sa bheil e atharrachadh. **1**

- '*Bàthadh*' – tha am facal seo a' cur cuideam air mar a chaidh an t-àite fhalach / a sgrios mar thoradh air sgeama an dealan-uisge.

(c) Seall, le eisimpleir, mar a chuir Calum **structar-seantans** gu feum gus aire an luchd-amhairc a chumail. **1**

- '*Saoil dè lorgas mi?*' – tha a' cheist seo a' nochdadh nach eil fios aig Calum fhèin dè tha fa-near dha agus tha seo a' toirt air an luchd-amhairc sùil gheur a chumail air na chì e.

Prògram 8

Loch Laomainn



1. Dèan geàrr-chunntas air an fhiosrachadh a tha Calum a' toirt dhuinn mun àite anns a bheil e an-diugh. **5**
 - Tha e ri taobh eilean beag Innis Taigh a' Mhanaich (Loch Laomainn).
 - Chan ann air a' Ghàidhealtachd a tha e.
 - Chan eil e fiù 's uair a thìde air falbh bho bhaile mòr Ghlaschu.
 - Tha cuid a' coimhead air an loch mar raon-cluiche slugh sgìre meadhan na h-Alba.
 - Bidh mòran a' feuchainn snàmh a-muigh airson a' chiad uair ann an àite mar seo.
2. Cò ris a tha an loch coltach an taca ris na h-àiteachan àbhaisteach anns am bi Calum a' snàmh? **2**
 - Tha e cho coimeirsealta (ged a tha oiseanan beaga sàmhach ann).
 - Mar as trice bidh e a' snàmh ann an àiteachan gu math iomallach – fada bho bhailtean, taighean agus daoine.
3. Ainmich 'cnapan-starra' a th' anns an loch. **2**
 - Jet-skis (aig amannan eile den bhliadhna).
 - Geugan.
4. Inns dè an dòigh a th' aig Calum airson measadh a dhèanamh air cho glan 's a tha an t-uisge anns a bheil e a' snàmh. **1**
 - Cleachdaidh e a bheul.
5. Carson a bhios e a' cleachdadh 'baga' nuair a bhios e a' snàmh? **4**
 - Tha e mar rabhadh do dhaoine eile (bàtaichean).
 - Tha e leis fhèin.
 - Tha e làn èadhair.
 - Airson biadh a chumail tioram.
6. Dè a' chomhairle a tha Calum a' toirt mu bhith ag ithe agus a' snàmh? **1**
 - Fàg mu leth-uair a thìde mus snàmh thu a-rithist.
7. Dè th' air a ràdh mun aimsir agus mun àm den bhliadhna? **3**
 - Tha e fuar.
 - Ach nuair a tha a' ghrian air uisge – bheir sin spionnadh is togail ùr dha.
 - Chaidh seo a chlàradh ann am meadhan an Fhaoilich.
8. Dè chòrd ri Calum mun latha aige? **3**
 - Tha e furasta a chreidsinn gu bheil e mìltean mòra air falbh bhon neach as fhaisge (cuideachd taighean is bailtean).
 - Saorsa (a cheann air falbh bho dhraghan an latha).
 - Tha na h-uimhir a chafaidhean faisg air làimh.



9. Stoidhle agus Sgilean Cànan:

(a) Thoir eisimpleirean air mar a bha Calum soirbheachail ann a bhith a' cur **ìoranas** gu feum anns a' phrògram seo. **3**

- Tha blas '*diosail*' san uisge. Tha sinn an dùil gun cuir e sìos air mar a tha an loch air a thruailleadh ach 's e a thuir e – '*'s caomh leam sin*'!
- Às dèidh dha am paidh ithe, tha e ag ràdh '*paidh – sin agad an roghainn fhallain*'. Chan e biadh fallain a th' ann – ach dhàsan, 's e, air sgàth na bhios e a' cleachdadh de chalaraidhean!
- Tha e airson gum faigh e rèiteag (ann an cafaidh) gus am bi cothrom aige blàthachadh a-rithist – 's e glè bheag de dhaoine a thaghadh rèiteag airson seo!

(b) Seall, le eisimpleir, mar a tha Calum a' toirt togail air a' phrògram le bhith a' dèanamh **fèin-mhagadh** air fhèin. **3**

- Tha e a' lorg bàta fon uisge agus tha e air bhioran (tha e a' faighneachd '*saoil am bi òr fhathast ann?*').
- Tha e an uair sin a' lorg '*pìos inntinneach, air leth ... à linn Bhictoria, iongantach dha-rìribh!*'
- Ach an uair sin tha e a' leughadh '*Made in China*' agus ga shadail air falbh.

Prògram 9

Loch Coir' Uisge



1. Dè an dòigh anns a bheil suidheachadh Chaluim diofraichte bhon àbhaist an-diugh? **2**
 - Bidh e gu tric a' snàmh gu h-obann a rèir càit a bheil e ach, an-diugh, tha e feumach air beagan planaigh.
 - Feumaidh e bàta a ghabhail (no coiseachd uairean a thìde) airson faighinn ann.
2. Dèan geàrr-chunntas air an fhiosrachadh a tha Calum a' toirt dhuinn mun àite anns a bheil e an-diugh. **7**
 - Tha e fon Chuiltheann.
 - 'S e aon de na lochan às àille san dùthaich (gu h-àraidh sa gheamhradh).
 - Tha luchd-turais air a bhith a' tighinn ann – bho thòisich luchd-turais.
 - Tha na seallaidhean àibheiseach.
 - Bha abhainn deighe ann uair den t-saoghal.
 - A-nis tha uisge a' tighinn dìreach bhon bheinn.
 - Mar sin, tha e fuar.
3. Dè tha a' còrdadh ri Calum mun àite dha bheil e a' dol? **2**
 - 'S e a tha àbhaisteach gum bi luchd-coiseachd agus sreapadairean a' dol thuige, seach luchd-snàmh.
 - Tha e a' smaoinichadh gur e 'tùsaire' air choreigin a th' ann.
4. Dè an coimeas a tha Calum a' dèanamh eadar a' chiad turas a bha e aig Loch Coir' Uisge agus an turas seo? **2**
 - A' chiad turas 's e an samhradh a bh' ann agus bha e na dhrathais.
 - Tha e feumach air deise-fhliuch an turas seo.
5. Thoir seachad fiosrachadh air a' bheul-aithris a tha co-cheangailte ris an loch? **1**
 - Bhiodh na seann Ghàidheil ag innse dha chèile gun robh each-uisge a' fuireach san loch
6. Dè an dà amas a bh' aig Calum? **2**
 - A' chreag a ruighinn an toiseach.
 - An uair sin, an t-eilean a ruighinn.
7. 'Cò dh'iarradh na b' fheàrr na sin.' Carson a tha Calum a' tighinn chun a' cho-dhùnaidh seo? **3**
 - 'S e snàmh air leth a bh' ann.
 - Tha an t-uisge glan agus soilleir.
 - Tha sealladh cho iongantach air na beanntan (air a bheulaibh, air a chùlaibh, fada an rathaid mun cuairt air).



8. Stoidhle agus Sgilean Cànain:

(a) Seall, le eisimpleirean, mar a chleachd Calum **taghadh-facail** gu sgileil anns a' phrògram seo. **2**

- *'tha dà roghainn ann faighinn ann – faodaidh mi coiseachd uairean a thìde ... no faodaidh mi dìreach bàta a ghabhail'* – tha e soilleir nach e roghainn idir a bh' ann dha
- *'Coire Uisge ... Coire Uisge'* – tha e a' cleachdadh nan aon fhaclan airson togail air dà rud eadar-dhealaichte (ged a tha ceangal eadar na dhà – teas a' choire às dèidh fuachd a' choire)

(b) Thoir eisimpleirean air mar a rinn Calum feum de dh'ìomhaigheachd anns a' phrògram seo. **2**

- *'tha e coltach ri bàta-aigeil'* – tha an samhla seo a' freagairt gu math air coltas na creige
- *'s e tàmailt a th' ann an sgàthan a th' air mullach an locha a bhriseadh'* – tha am meatafor a' sealltainn cho ciùin is a tha an t-uisge agus mar a tha gluasad Chalum ga chur troimh-a-chèile.

Prògram 10

Eilean Eisdeil



1. Sgrìobh geàrr-chunntas air na dh'ionnsaicheas sinn mu Eilean Eisdeil. **4**
 - Bidh farpais 'snig-snog' na cruinne air a cumail ann
 - Aig aon àm, bha e aig teis-meadhan gnìomhachas sglèat Earra-Ghàidheal
 - Aig aon àm bha 500 neach ag obair ann
 - San ochdamh linn deug, thàinig stoirm mhòr a dh'fhàg na cuaraidhean làn uisge (is tha iad mar sin fhathast)
2. Dè an sealladh a th' aig Calum air an eilean? **3**
 - Tha tòrr chothroman snàmh ann – muir, cuaraidhean, gu 'tìr-mòr'
 - Tha e dìreach mar gun deach an t-àite seo a dhealbh gu sònraichte airson snàmh
 - Cha do shnàmh e riamh ann an àite mar seo - tha e a' faireachdainn mar gum biodh e ann an seata film
3. (a) Dè an dùbhlán a tha Calum a' cur roimhe fhèin? **agus**
(b) Seall **nach bi** seo furasta dha. **2**
 - Leum bhon bhalla as àirde
 - Ged a tha e a' còrdadh ris a bhith a' snàmh, chan eil e cho cinnteach mu dheidhinn a bhith a' leum a-steach
4. Dè am fathann a th' ann mun àite anns a bheil Calum a' snàmh? **1**
 - Tha easgann mhòr, fhiadhaich a' fuireach an àiteigin anns na h-uisgeachan seo
5. Dè dh'fheumas Calum a dhèanamh mus leum e agus carson? **2**
 - Feumaidh e dèanamh deiseil (le bhith a' dèanamh leuman beaga)
 - Leis gu bheil tòrr sgudail san àite feumaidh e a bhith faiceallach - bheir e sùil air na tha mun cuairt air a' bhalla agus fon uachdar
6. Mus leum Calum, dè na rudan a tha, mas fhìor, a' cur dragh air? **3**
 - Càit a bheil an t-ospadal as fhaisge?
 - Dè ma thig a dheise dheth?
 - Gu bheil daoine a' coimhead agus nach eil dòigh às



7. (a) Le eisimpleirean, seall mar a bha Calum soirbheachail ann a bhith a' cleachdadh **structar** anns a' phrògram seo. **2**

- Tha cearcall anns a' phrògram.
Aig an toiseach tha e a' faighneachd '*Carson a dh'fhuiricheadh tu tioram air tìr nuair a b' urrainn dhut faighinn **Dhan Uisge?***'
Aig an deireadh tha e ag ràdh '*Fhuair mi air ais ... air ais **Dhan Uisge?***'
- Tha crìoch a' phrògram (is crìoch an t-sreath) a' tilleadh gu tìotal a' phrògram: '*Fhuair mi air ais ... air ais **Dhan Uisge?***'

(b) Seall mar a chuir Calum **fealla-dhà** gu feum gus strì (mas fhìor) eadar e fhèin agus feadhainn eile a thoirt am follais. **3**

- Tha Calum, mar gum biodh, a' cur coire air feadhainn eile airson '*laigsean*' sa phrògram
- '*Chan e tìr-mòr a tha sin, a Chalum!*' / '*Aaah ... Research ... Cha tug mi sgleog dhaibh ... fhathast*'
- '*Rocky ... Creagail ... Cò sgrìobh seo?*'
- '*Uill tha mi duilich a ràdh nach eil ùine ann an leum mòr a dhèanamh ach ... Tha ùine ann ... Ò tha sin math.*'

(c) Le eisimpleirean, seall mar a chuir Calum **taghadh-facail** gu feum gus tòna aotrom a chruthachadh. **1**

- Tha Calum a' cluich le faclan aig a bheil barrachd air dà chiall.
- '*Cal Mac – Caledonian Mac a' Bhruthainn agus Calum MacIleathain.*'

(d) Seall mar a bha Calum soirbheachail le bhith a' cur ris an fhirinn. **2**

- Tha Calum airson toirt a chreidsinn oirnn (mas fhìor) gu bheil e a' dèanamh rudeigin air leth mòr/cunnartach: '*Seall, 's dòcha ceud ... dà cheud troigh ... gu furasta*' ach cha deach e fiù 's à sealladh san uisge.
- Tha e cuideachd airson toirt a chreidsinn oirnn (mas fhìor) gu bheil e fo uallach mòr. Tha e ag ràdh gu bheil '*Sùilean an t-saoghail orm.*'